


1. A' siubhal | Travelling

Sgrìobh ✎ - A bheil cuimhne agad air na **co-ghnìomhairean** 'adverbs' seo? Sgrìobh am facal ceart anns a' bheàrn cheart.



2. A' dol chun na h-aibhne | Going to the river

Sgrìobh ✎ - Cuir crìoch air na seantansan seo leis na faclan às na camagan.

1. An tèid do theaghlach _____? [gu + dùthaich mhòr]
2. Thèid a' chlann againn _____. [gu + am bùth mòr]
3. Dh'fhalbh na balaich _____. [gu + loch beag]
4. Chaidh clann na sgoile _____. [gu + an caisteal]
5. Chuala mi nach deach na poilis _____. [gu + a' phàirc]

3. Nan rachadh tu... | If you would go...

Sgrìobh ✎ - Freagair na ceistean seo leis na freagairtean pearsanta agad fhèin.

1. An deigheadh tu dhan Antartaig?
2. Nan rachadh tu dhan Antartaig, am fuiricheadh tu ann an teanta?
3. An obraicheadh tu ann fad bliadhna?
4. An seòladh tu air curach anns a' chuan an sin?
5. Am faicheadh tu beòthaichean inntinneach?

4. Mach à seo! | Out of here!

Leugh  an tar-sgrìobhadh seo bhon phrògram **Mach à Seo** air duilleag 15-9.

Ramsay: *Chan eil deò air an t-saoghal an seo an-diugh anns an Eilean Sgitheanach. Deagh latha tighinn air chuairt suas chun an Stòir agus leis gu bheil i cho ciùin, cho brèagha, cho sàmhach, seall a-niste faileas ìomhaigh an Stòir agus nan creagan anns an loch fhèin cuideachd. Tha e coltach ri bhith a' coiseachd tro dhealbh, air neo a bhith ann am film. Bha an Stòr fada ro tharraingeach. Dràibheadh seachad air, cha b' urrainn... mar siud, tha mi air cuairt... brògan matha orm... a' coiseachd suas chun an Stòir. Seall a-nist air a sin!*

Tha an Stòr na phàirt de Dhruim Thròndairnis, a' mhaoim-talmhainn as fhaide ann am Breatainn. Mu choinneamh stallachan casa an Stòir, tha earrann ris an canar 'tèarmann' no 'comaraich' far am faic sinn bideanan àrda dhan a h-uile cruth as annasaiche. Seo na tha air fhàgail de ghluasad na creige is na talmhainn o chian nan cian.

Ach seo i... an druim... seasamh àrd os cionn na sgìre. 'Druim' is toil leam sin... facal... tha e coltach gur e uilebheist a th' anns na beanntan, anns an druim fhèin, na laighe na chadal... feitheamh ach an tig luchd-turais, agus gun ith e iad sin. Tha e a' cur iongnadh orm na tha de luchd-turais a' tighinn nan dròbhan an seo dhan Eilean Sgitheanach. Agus fear de na h-adhbharan airson seo, tha iad ag ràdh, 's e na meadhanan sòisealta agus mar a tha dealbh de dh'àite dìreach a' sgaoileadh air feadh an t-saoghail. Seall air a sin. Nach eil sin iongantach? Thàinig mi timcheall an oisein, timcheall a' chòrnair, agus bha thu ga fhaicinn - bìdean an Stòir, am Bodach, a' seasamh àrd fa-leth bhon chòrr dha na creagan agus a-nist is mi a' teannadh dlùth ris a' Bhodach, chan eil mi a-nis ga fhaicinn idir. Cha mhòr gu bheil e do-fhaicsinneach ri taobh nan creagan. Chan fhaic thu a-nist am bìdean idir, agus feumaidh tu dol nas fhaisge air airson 's gum faic thu gu bheil beàrn mhòr eatarra agus an còrr den druim ann an Tròndairnis.

Tha mi a-nist tighinn nas fhaisge air a' bhìdean agus tha mi a' faicinn cho àrd is a tha e. Siud am Bodach, Bodach an Stòir ma-thà. Agus tha e coltach gur e a th' anns an druim...gur e a th' ann an Tròndairnis ach fuamhaire na chadal agus gur e a th' ann am Bodach an Stòir ach an òrdag aige! Tha mi an ìre mhath aig bonn a' Bhodaich. Tha e eireachdail, tha e àrd agus tha mi a' dol a chur mo làmh sìos air.

Siud e ma-thà. Ràinig mi bonn a' Bhodaich, Bodach an Stòir ann an Sgìre Thròndairnis agus tha mi a' creidsinn gu bheil na ceudan a bhios ann gam chàineadh ag ràdh "ò tha thu dìreach a' dèanamh nan rudan àbhaisteach a nì a h-uile mac màthar a thig dhan Eilean Sgitheanach". Ach ma thig thu cho faisg sin air rud cho mìorbhaileach sin, agus 's math as fhiach e, tha e ga do mhaslachadh air dòigh air choireigin gu bheil thusa cho beag bìdeach an taca ri na rudan mìorbhaileach a th' againn anns an tìr a th' againn air an t-saoghal a tha seo. Agus tha e math dhuinn uileag an fhaireachdainn a tha sin a bhith againn. Slàinte mhòr, a Bhodaich! Nach e am balach thu... no am bodach thu!

5. Cò shiùbhladh leat? | Who would travel with you?

Sgrìobh  - Cuir na ceistean seo dhan tràth chumhach agus freagair iad.

1. An tog thu taigh air làrach thuilteach?

2. An ceannaich thu còta-bèin?

3. An siubhail thu a Bharraigh air a' phlèana no air a' bhàta?

4. Am fuirich thu ann am bothan air a' Mhonadh Ruadh?

5. An imrich thu a dhùthaich ann an Àisia?

6. Aig a' phort-adhair | At the airport

Sgrìobh  - Cuir na ceistean seo dhan tràth chumhach agus freagair iad.

1. Nuair a tha am plèana a' tighinn a-nìos dhan talamh, dè tha e a' dèanamh?

2. Càit am bi daoine a' feitheamh ri plèana aig a' phort-adhair?


3. Dè an dà rud air a bheil feum againn mus faigh sinn air bòrd plèana?

4. Dè an rud a bhios daoine a' toirt leotha anns am bi aodach is eile?

7. Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-15-travel-siubhal

Cuimhnich gu bheil e cudromach gun èist sinn ri deagh Ghàidhlig cho tric 's a ghabhas. Èist ris a' chlàradh a tha seo an toiseach agus an uair sin leugh an **tar-sgrìobhadh** fhad 's a tha thu ag èisteachd air ais ris.



Coinneach: Càit an deach thu bho bha... nuair a bha mi a' bruidhinn riut mu dheireadh?

Màrtainn: Uill, on a bha mi a' bruidhinn riut mu dheireadh, em, dh'fhalbh sinn aig dìreach deireadh an Dàmhair ann an 1996 agus chuir sinn trì mìosan seachad ann an Àisia a' siubhal an sin eadar na h-Innsean, Nepal, Thailand agus Laos. 'S an uair sin chaidh sinn a-null a dh'Astràilia agus chuir sinn mu mhìos seachad ann an taobh siar Astràilia mus do thòisich mise ag obair ann am Melbourne fad sia mìosan air an taobh sear, taobh an ear dheas Astràilia. An uair sin rinn sinn beagan siubhail on cheann a deas gu ceann a tuath Astràilia agus an uair sin chaidh sinn gu New Zealand. Bha mi ag obair an sin fad dà mhìos ann an Christchurch anns a' cheann a deas. Rinn sinn beagan siubhail ana shin cuideachd, sìos gu Milford Sound, sìos gu Invercargill... fada... cho fada deas 's a thèid agad air a dhol. 'S an uair sin air an rathad dhachaigh, bha dùil againn an toiseach gum biodh ùine againn airson a bhith a' dol tarsainn Chanada, ach 's ann a ruith sinn a-mach à ùine. Bha sinn mu cheithir mìosan no mar sineach na b' fhaide na bha dùil againn a chionn dh'fhuirich sinn na b' fhaide ann am Melbourne. Mar sin, chuir sinn beagan làthaichean seachad còmhlaidh ann an New York.

Èist 🎧 + Sgrìobh ✎ - Èist a-rithist ris a' chlàradh seo agus freagair na ceistean.

1. Cia mheud mìos a chuir Màrtainn agus a chèile seachad ann an Àisia?

2. Dè cho fada is a bha iad air taobh siar Astràilia?

3. Dè cho fada is a bha e ag obair ann an Christchurch?

4. Càit an robh iad ag iarraidh a dhol air an rathad dhachaigh?

5. Carson nach deach iad a Chanada?

1 - A' siubhal | Travelling



2 - A' dol chun na h-aibhne | Going to the river

1. An tèid do theaghlach gu dùthaich mhòr | do dhùthaich mhòr?
2. Thèid a' chlann againn chun a' bhùtha mhòir.
3. Dh'fhalbh na balaich gu loch beag | do loch beag.
4. Chaidh clann na sgoile chun a' chaisteil.
5. Chuala mi nach deach na poilis chun na pàirce.

3 - Nan rachadh tu... | If you would go...

Na freagairtean pearsanta agad fhèin an seo, ach chì thu eisimpleirean gu h-ìosal.

1. An deigheadh tu dhan Antartaig?
Dheigheadh. Dheighinn dhan Antartaig nam biodh an cothrom agam.
2. Nan rachadh tu dhan Antartaig, am fuiricheadh tu ann an teanta?
Dh'fhuiricheadh. Dh'fhuirichinn ann an teanta.
3. An obraicheadh tu ann fad bliadhna?
Chan obraicheadh. Chan obraichinn an sin fad bliadhna.
4. An seòladh tu air curach anns a' chuan an sin?
Cha sheòladh. Cha sheòlainn air curach anns a' chuan sin!
5. Am faiceadh tu beòthaichean inntinneach?
Chitheadh. Chithinn beòthaichean uabhasach inntinneach an sin.

5 - Cò shiùbhladh leat? | Who would travel with you?

1. An togadh tu taigh air làrach thuilteach?
Cha togadh. Cha togainn taigh air làrach thuilteach.
2. An ceannaicheadh tu còta-bèin?
Cha cheannaicheadh. Cha cheannaichinn còta-bèin.
3. An siùbhladh tu a Bharraigh air a' phlèana no air a' bhàta?
Shiùbhlainn a Bharraigh air a' phlèana.
4. Am fuiricheadh tu ann am bothan air a' Mhonadh Ruadh?
Dh'fhuiricheadh. Dh'fhuirichinn ann am bothan air a' Mhonadh Ruadh.
5. An imricheadh tu a dhùthaich ann an Àisia?
Dh'imricheadh. Dh'imrichinn a dhùthaich ann an Àisia.

6 - Aig a' phort-adhair | At the airport

1. Nuair a **bhiodh** am plèana a' tighinn a-nìos dhan talamh, dè **bhiodh** e a' dèanamh?
Bhiodh am plèana a' landadh no a' laighe.
2. Càit am **biodh** daoine a' feitheamh ri plèana aig a' phort-adhair?
Bhiodh daoine a' feitheamh aig a' gheata.
3. Dè an dà rud air **am biodh** feum againn mus **faigheamaid** air bòrd plèana?
Bhiodh feum againn air cead-siubhail agus cairt-bhòrdachaidh.
4. Dè an rud a **bhiodh** daoine a' toirt leotha anns am **biodh** aodach is eile?
Bhiodh iad a' toirt màileid no бага leotha.

7 - Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

1. Chuir Màrtainn agus a chèile **trì mìosan** seachad ann an Àisia.
2. Bha iad air taobh siar Astràilia fad **mìos**.
3. Bha e ag obair ann an Christchurch fad **dà mhìos**.
4. Bha iad ag iarraidh a dhol **tarsaing Chanada** air an rathad dhachaigh.
5. Ruith iad a-mach à ùine air sgàth 's gun do dh'fhuirich iad na b' fhaide ann am Melbourne na bha iad an dùil.